

Pàirt 1

- a. Dè a' cheist a tha Flòraidh NicPhàil a' faighneachd aig toiseach na h-earrainn? 1
- b. Carson a tha i a' smaointinn gum bu chòir dhut beachdachadh air a' chothrom seo? 1
- c. Dè an dà bhuidheann air a bheil am Mòd ag amas? 2
- d. Dè tha air a ràdh mu shoirbheachadh a' Mhòid? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|--|--|
| | Tha e air tòrr airgid a dhèanamh. |
| | Tha e air duais chultarach a bhuannachadh. |
| | Tha barrachd dhaoine a' gabhail pàirt ann. |
| | Tha ùidh nas motha aig na meadhanan ann. |

- e. Dè thachair ann an 1891? 1
- f. Carson nach robh am Mòd ann a h-uile bliadhna bhon uair sin? 1
- g. Carson a tha am Mòd air a chumail ann an saor-làithean na Dàmhair? 2

Pàirt 2

- a. Dè am fiosrachadh a tha ceart? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

| | |
|--|--|
| | Bidh co-fharpaisean luchd-ionnsachaidh na cloinne ann Diluain. |
| | Bidh co-fharpaisean ciùil ann Diciadain. |
| | Bidh co-fharpaisean inbhich nam Bonn òir ann Diardaoin. |
| | Bidh co-fharpaisean nan còisirean ann Dihaoine. |

- b. Thoir seachad fiosrachadh mu Iomall a' Mhòid.
- c. Carson a tha buidhnean (leithid BBC na h-Alba) cudromach dhan Mhòd?
- d. Carson a tha am Mòd cudromach do na sgìrean anns am bi e air a chumail?
- e. Thoir seachad eisimpleir air seo?

An earrann gu lèir

- a. Le bhith a' cleachdadh fianais às an earrainn, inns dè cho fiosrachail 's a bha an earrann a chuala tu?
- b. An tug Flòraidh NicPhàil ort a bhith a' beachdachadh air pàirt a ghabhail ann am Mòd na h-ath-bhliadhna? Inns carson a thug no nach tug.

2

1

1

2

1

2

1

20